

Alexander Graham Bell


1847-1922

Ainmeil airson:

- Innleachadh an fhòn.

Tha Alexander Graham Bell a' faighinn creideas airson an fhòn innleachadh. B' e 1876 a' bhliadhna agus bha e naoi bliadhna fichead a dh'aois.

Cha robh Bell sòlasach na bhuaidh, ge-tà. Air feadh a bheatha, lean e roimhe beachdan ùra a dhearbhadh, rannsaich e eadar-cheangal a thuilleadh air mòran gnìomhan saidheansail.



Alexander Graham Bell (1847-1922)

Foghlam

Bha athair Alexander Graham Bell ga theagasg aig an dachaigh, na thràth-bhliadhnaichean. Às a dhèidh seo, chlàr Alexander anns an Àrd-sgoil Rìoghail ann an Dùn Èideann. Dh'fhàg e an sgoil nuair a bha e còig bliadhna deug a dh'aois, agus shiubhail e a Lunnainn airson fuireach còmhla ri a sheanair airson bliadhna. Bha seanair, bràthair-athar, agus athair Bell uile nan luchd-deas-chainnt, a' rannsachadh cainnt airson bith-beò a dhèanamh. Mar sin, tha iomchaidh gum biodh na h-ùidhean aig Bell ann. Ann am mìle, ochd-ceud, agus seasgad 's a h-aon, thug Bell a-mach dreuchd mar 'tidsear-oileanach' de deas-chainnt agus ceòl ann an Acadamaidh Taigh Baile an Iar ann an Eilginn, ann am Moireibh. An ath-bhliadhna, fhrithheil e Oilthigh Dhùn Èideann.

Imrich thall thairis

Ann am mìle, ochd-ceud agus seachdad, às dèidh do a dhithis bhràthair bàsachadh leis a' chaitheamh, dh'eilthirich Bell a Chanada còmhla ri a phàrantan.

Anns a' Ghiblean, ann am mìle, ochd-ceud, agus seachdad 's a h-aon, dh'imrich e a Bhoston airson an dreuchd ùr a thoirt a-mach mar thidsear ann an Sgoil nam Bodhar Boston. Tha an sgoil fhathast ann. 'S e Sgoil Horace Mann nam Bodhar agus Maol anns a' Chlaisneachd a th' oirre a-nis.

Adhartas Bell ann am Boston

Ann an latha Bell, bha Boston air aithneachadh mar ionad airson cleasan innleachdail. Suidhichte an sin bha:

- Colaiste Harvard – a' chiad instituid foghlam àrd-ìre anns Na Stàitean Aonaichte.
- Acadamaidh Ameireaganach nan Ealain agus nan Saidheansan
- Talla na h-Àithne Boston
- Comann Eachdraidheil Massachusetts

Dh'adhbharaich stàladh a' chiad cruaidh-theud chèn-chagair Atlantaigeach, ann am mìle, ochd-ceud agus seasgad 's a sia mòran bhoil-aighir ann an Ameireaga a Tuath. Bha luchd-saidheans agus luchd-gnìomhachais a-nis a' tòiseachadh cothroman fhaicinn leis gun robh cagair adhair ann. Ann am mìle, ochd-ceud, agus seachdad 's a dhà, chaidh Bell a bhrosnachadh a rannsachadh fhèin a thòiseachadh, dh'fheuch e iomadh siognailean teileagraf a chur tro slighe cruaidh-theud a' chèn-chagair shingilte.

Innleachadh am fòn

Ann am mìle, ochd-ceud agus seachdad 's a còig, thog Alexander Graham Bell, còmhla ri a cho-chuidiche Tòmas Watson, a' chiad fòn. Dà bhliadhna às dèidh seo chruthaich e an Companaidh Fòn Bell, agus phòs e Mabel Hubbard.

Coileanaidhean nas fhaide air adhart

B' e Bell aon dhe na buill a stèidhich Comann Nàiseanta Cruinn-eòlais, ann am mìle, ochd-ceud agus ochdad 's a h-ochd.

Bha Bell an-còmhnaidh dèidheil air itealagan itealachaidh, agus ann am mìle, naoi-ceud agus dhà, dhealbhaich e seòrsa itealag ùr – suidhichte air tional de dreachan ceithir-shliosnaichte. Agus ann am mìle, naoi-ceud agus naoi-deug, choisinn esan agus Casey Baldwin luaths uisge as luaithe an t-saoghail - seachdad puing ochd, sia, mìle san uair leis an hàidreafoidhl HD-4.

Bhàsaich Alexander Graham Bell aig a oighreachd, Beinn Bhrèagha, ann an Eilean Ceap Breatainn, air an dàrna latha den Lùnastal, ann am mìle, naoi-ceud agus fichead 's a dhà. Bhàsaich a bhean còig mìosan às dèidh seo.

An robh fhios agad?

Chuir Alexander Bell a ainm meadhanach ri ainm nuair a bha e aon bliadhna deug a dh'aois. B' e 'Graham' an cinneadh a bh' air caraid-teaghlach.

B' e Eilidh Keller aon de na h-oileanach as ainmeil aig Bell. Nuair a thòisich e mar neach-oideachaidh, b' e pàiste òg a bh' innte nach b' urrainn faicinn, cluinntinn no bruidhinn.

Air a thogail bhon Thalla Cliù Saidheans aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
<http://digital.nls.uk/scientists/biographies/index.html>



Education Scotland

Denholm House

Almondvale Business Park

Almondvale Way

Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk